



## Ceistean

- 1. Saoil cò ris a tha Siobhan a' bruidhinn aig toiseach na sgeulachd?  
Thoir adhbhar airson do bheachd.**

**Coimhead air duilleag 42.**

- 2. Carson nach robh falt Siobhan a' còrdadh rithe?**

- 3. Bha Siobhan a' faireachdainn nach bu chòir dhi bracaist mhòr a ghabhail, ach dè an dà rud a thug oirre iarraidh?**

**Coimhead air duilleag 43.**

- 4. Nad fhaclan fhèin, inns carson a rinn Siobhan sgiamh chruaidh.**

**“...chionn bha faclan a' dol timcheall a cinn mar gum biodh iad crochte air spògan muileann-ghaoithe”**

- 5. Mìnich carson a tha an samhla seo èifeachdach.**

**Coimhead air duilleag 44**

**6. Ciamar a tha an sgrìobhadair a' dèanamh follaiseach gu bheil Siobhan air bhioran nuair a tha i a' smaointinn gu bheil i a' dol a Bhancùbhar?**

**Coimhead air duilleag 45**

**7. Ciamar a tha an sgrìobhadair a' sealltainn gu bheil Siobhan mì-thoilichte gum feum i a dhol a dh'fhuireach còmhla ri Antaidh Lily?**

**8. Saoil carson a bha Siobhan ag iarraidh gun cluinneadh a màthair gun robh i a' caoineadh?**

**“Cha bhruidhinn mi ri Aoife no ri Sìneag gu bràth, gu sìorraidh, gu bràth tuilleadh. Cha bhruidhinn, cha bhruidhinn, cha bhruidhinn!”**

**9. Nad bheachd-sa, carson a tha Siobhan ag ath-aithris an seo?**

**“...agus mise nam stob còmhla ri Antaidh Lily...”**

**10. Seall carson a tha am facal “stob” èifeachdach ann a bhith a' sealltainn mar a bha Siobhan a' faireachdainn mu a suidheachadh?**

**Coimhead air duilleag 46.**

**11. Dè tha a' sealltainn gu bheil buaidh shònraichte aig Seumas air Siobhan?**

**12. Saoil carson a bha Siobhan ag iarraidh aodach ùr?**

**13. Saoil carson nach robh Siobhan a' dol a leigeil oirre gum faca i an teacsa a bha ag ràdh nach robh iad ga h-iarraidh sa chòmhlán-dannsa?**

**Coimhead air duilleag 47.**

**“I fhèin agus Seumas a' coiseachd air an tràigh, i fhèin agus Seumas aig biadh còmhla ann an taigh-bìdh, i fhèin agus Seumas a' dannsa còmhla...”**

**14. Saoil carson a tha an sgrìobhadair ag ath-aithris na h-abairt “i fhèin agus Seumas?”**

**“...Seumas a' dannsa còmhla ... agus ò, Seumas a' lùbadh sìos faisg, faisg oirre ... cho faisg agus gun robh anail air a h-aodann agus e a' dol ga ... pògadh!”**

**15. Minich mar a tha parenthesis èifeachdach an seo.**

**Coimhead air duilleag 49.**

**16. Saoil carson a tha Siobhan ag ràdh nach eil am fòn no an t-eadar-lìon aice ag obair?**

**Coimhead air duilleag 50**

**17. Carson a bha Siobhan air bhioran faighinn air a' choimpiutair?**

**“Cha tug e an aire dhan choltas a bha air aodann Siobhan.”**

**18. Dè an coltas a tha thu a' smaointinn a bha air aodann Siobhan aig an àm seo?**

**Coimhead air duilleag 51.**

**19. Carson a chaidh Siobhan a dh'iasgach còmhla ri Dòmhnall?**

**Coimhead air duilleag 52.**

**20. Dè tha sealltainn nach b' e seo an aon turas a chaidh Siobhan a-mach air a' bhaidhsagal còmhla ri Dòmhnall?**

**21. Carson a bha Siobhan agus Dòmhnall nan laighe anns na sealastairean?**

**22. Inns dè tha thusa a' smaointinn a dh'ionnsaich Siobhan bho bhith a' cur seachad nan saor-làithean còmhla ri Dòmhnall.**

**Coimhead air duilleag 55.**

**23. Dè am facal a tha ag innse dhuinn gun do leum i far a' bhus ann an cabhaig?**

**Coimhead air duilleag 55 agus 56.**

**24. Carson a tha a caraidean ag ràdh gun do rinn na saor-làithean feum do Shiobhan?**

**25. Nam biodh tusa anns an aon shuidheachadh ri Siobhan aig deireadh na sgeòil seo, sgrìobh pìos goirid air na dhèanadh tu.**

